

# N5

Teisteanais  
Nàiseanta  
EISIMPLEIR A-MHÀIN

---

**SQ30/N5/01**

**Meadhanan**

Deit – Neo-iomchaidh

Ùine – 1 uair agus 30 mionaid

---

**Comharran iomlan – 50**

Feuch GACH ceist

**Mus feuch thu na ceistean, feumaidh tu dèanamh cinnteach gu bheil leabhran nam freagairtean airson an aon chuspair agus na h-aon ìre ris a' phàipear-cheistean seo.**

Feumaidh tu àireamh na ceist a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir air leabhran nam freagairtean.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan. Mur dèan thu sin, 's dòcha gun caill thu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo.

## Feuch GACH ceist

1. Faodaidh gnèithean a bhith air an aithneachadh a rèir an gnàthachasan.  
Thoir iomradh air ceithir gnàthachasan aig gnè shònraichte a chaidh a chleachdadh ann an teacsa mheadhanan a sgrùd thu, agus thoir eisimpleir air an dòigh san deach gach fear a chleachdadh san teacsa sin. 8
  
2. Tha còdan teicnigeach agus cultarail air an cleachdadh gus leughaidhean roghnaichte a chruthachadh ann an susbaint-mheadhanan.
  - (a) Thoir cunntas air leughadh roghnaichte ann an aon eisimpleir sònraichte de shusbaint-mheadhanan a rannsaich thu. 2
  
  - (b) Mìnich gu mionaideach mar a chaidh còdan teicnigeach agus/no cultarail a chleachdadh gus an leughadh seo a chruthachadh. 10
  
3. Tha teacsaichean mheadhanan air an cur ri chèile gu faiceallach gus cuimseachadh air luchd-amais sònraichte.
  - (a) Thoir cunntas air an luchd-amais chuimsichte airson aon teacsa mheadhanan a rannsaich thu, a' cleachdadh a dhà bho: feartan, feumalachdan, sùileachadh. 2
  
  - (b) Mìnich gu mionaideach mar a chaidh co-dhiù aon phrìomh thaobh den teacsa seo a chleachdadh gus cuimseachadh air an luchd-amais. 10
  
4. Tha co-theacsaichean aitreabhail mar feartan a-staigh agus a-muigh, sealbh agus reachdas a' toirt buaidh air susbaint-mheadhanan.
  - (a) Thoir cunntas mionaideach air co-dhiù aon fheart aitreabhail a tha a' buntainn don t-susbaint-mheadhanan a rannsaich thu. 4
  
  - (b) Mìnich gu mionaideach buaidh an fheart/nam feartan aitreabhail air co-dhiù aon phrìomh thaobh den t-susbaint seo. 8
  
5. Mìnich gu mionaideach mar a dh'fhaodadh susbaint-mheadhanan a rannsaich thu buaidh a thoirt air giùlan no seasamh dhaoine. 6

[CRÌOCH SAMPALL A' PHÀIPEIR-CHEISTEAN]



Teisteanais  
Nàiseanta  
EISIMPLEIR A-MHÀIN

**SQ30/N5/01**

**Meadhanan**

## Stiùireadh Ceartachaidh

Tha an Stiùireadh Ceartachaidh seo air a thoirt seachad gus sealltainn mar a cheartaicheadh an SQA an Sampall seo de Phàipear-cheistean.

Faodar am fiosrachadh san fhoillseachadh ath-riochdachadh gus taic a thoirt do theisteanasan SQA air bhunait neo-mhalairteach a-mhàin. Ma tha e gu bhith air a chleachdadh airson adhbhar sam bith eile, feumaidh cead sgrìobhte a bhith air fhaotainn bho sgioba Mhargaidheachd SQA aig [marketing@sqa.org.uk](mailto:marketing@sqa.org.uk).

Far a bheil stuthan bho stòran eile san fhoillseachadh a thuilleadh air stòran SQA (ie dàrna dlighe-sgrìobhaidh), cha bu chòir an stuth seo ath-riochdachadh ach airson adhbharan deuchainn no measaidh. Ma dh'fheumas e a bhith air ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, is e uallach an neach-cleachdaidh a tha ann an cead dlighe-sgrìobhaidh iomchaidh fhaighinn.

## Earrann a h-Aon: Prionnsapalan Ceartachaidh Coitcheann airson Meadhanan Nàiseanta 5

*Tha am fiosrachadh seo air a thoirt seachad gus do chuideachadh ann a bhith a' tuigsinn nam prionnsapalan coitcheann a dh'fheumas tu a chur an sàs nuair a bhios tu a' ceartachadh freagairtean nan oileanach do na ceistean sa Phàipear seo. Feumaidh na prionnsapalan sin a bhith air an leughadh còmhla ris an Stiùireadh Ceartachaidh shònraichte airson gach ceist. Tha na sgeamaichean ceartachaidh air an sgrìobhadh gus taic a thoirt ann a bhith a' dearbhadh 'an fhreagairt as lugha ris an tèid gabhail' an àite a bhith a' dèanamh liosta den h-uile freagairt ceart agus ceàrr a dh'fhaodadh a bhith ann.*

- (a) Feumaidh comharran airson gach freagairt bho oileanach a bhith an-còmhnaidh a rèir nam prionnsapalan ceartachaidh coitcheann sin agus a rèir an Stiùireadh Ceartachaidh shònraichte airson na ceist.
- (b) Bu chòir do cheartachadh an-còmhnaidh a bhith deimhinneach, ie bu chòir comharran a bhith air an toirt seachad airson na tha ceart agus chan ann air an toirt air falbh airson mhearachdan no nithean a chaidh fhàgail às.
- (c) i. Gus creideas a thoirt, feumaidh puingeann a bhith co-cheangailte ris a' cheist a chaidh a chur.  
ii. Tha dà phrìomh sheòrsa ceist air an cleachdadh sa phàipear-cheistean seo, agus is iad sin:  
*A Thoir cunntas air....*  
*B. Minich...*  
iii. Airson gach seòrsa ceist (ann an ii gu h-àrd), tha na leanas a' toirt tar-shealladh air prionnsapalan ceartachaidh.

### **A Ceistean a tha ag iarraidh air oileanaich *Thoir cunntas air...***

Feumaidh oileanaich grunn phuingeann bhuntainneach, fìorasach a thoirt seachad, no innse mu fheartan, a rèir 's mar a tha iomchaidh dhan cheist a chaidh fhaighneachd. Chan fheum na puingeann a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn phuingeann neo-fhillte a thoirt no nas lugha de phuingeann leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.

Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson seo:

- Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing bhuntainneach cheart.
- Faodar comharra eile a thoirt airson gach leudachadh air puing bhuntainneach, a' gabhail a-steach eisimpleir.

### **Eisimpleir:**

C: Thoir cunntas mionaideach air aon ghnàthachas de ghnè shònraichte a chaidh a chur gu feum ann an teacsa mheadhanan a rannsaich thu. (2 chomharra.)

*Is e aon ghnàthachas aig filmichean dàn-thurais gu bheil an aithris air a thogail timcheall air a bhith a' sireadh rudeigin no a' fuasgladh duilgheadas air choreigin. (1 chomharra airson puing bhuntainneach – cunntas air gnàthachas aig gnè.)*

*Faodaidh seo a bhith air fhaicinn ann am Blood Diamond far a bheil aig Solomon ri a theaghlach a lorg agus a dhol air ais gu a bheatha shitheil, agus tha aig Danaidh ris an daoimean a lorg agus fàs beairteach. (1 chomharra airson leudachadh le eisimpleir.)*

## B Ceistean a tha ag iarraidh air oileanaich *Minich* . . .

Feumaidh oileanaich puingean a dhèanamh a nì ceangal eadar adhbhar agus buaidh agus/no a nì na dàimhean eadar nithean soilleir. Far an tèid grunn phuingean a dhèanamh, chan fheum iad a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn phuingean neo-fhillte a thoirt seachad no àireamh nas lugha de phuingean leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.

Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson seo:

- Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing mhìnichidh bhuntainneach; far nach eil factaran sònraichte a tha rim mìneachadh air an comharrachadh sa cheist, bu chòir aon chomharra a thoirt sa chiad dol a-mach airson comharrachadh dè na factaran a tha ann.
- Faodar comharra eile a thoirt airson gach leudachadh air puing bhuntainneach, a' gabhail a-steach eisimpleir.

### Eisimpleirean:

C: Minich mar a dh'fhaodadh an t-susbaint-mheadhanan a rannsaich thu buaidh a thoirt air giùlan no seasamh dhaoine. (2 chomharra.)

*Glè thric gheibhear gnàth-iomhaighean de dhaoine òga ann an sgeulachdan sna naidheachdan mun deidhinn agus ann an cinn-naidheachd phàipearan-naidheachd, a bhios a' cur fòcas air giùlan mì-shòisealta. (1 chomharra airson eisimpleir.) Chan eil seo a' toirt ach sealladh aon-taobhach, àicheil, ach nuair a thèid aithris grunn thursan bidh cuid dhen bheachd gu bheil seo fìor mu na daoine òga air fad. Faodaidh seo claon-bhreith adhbharachadh dhan ionnsaigh, cho math ri giùlan eagalach no dìonadach. (1 chomharra airson puing mìneachaidh.)*

C: Faodaidh gnàth-iomhaighean de bhuidhnean sòisealta sònraichte ann an susbaint-mheadhanan claon-bhreith adhbharachadh nan aghaidh. Minich a' bhuidhean a tha aig anseo air giùlan no seasamh. (3 comharran.)

*Faodaidh sealladh aon-taobhach, àicheil mu dhaoine òga, nuair a thèid aithris iomadh uair, toirt air luchd-leughaidh smaoinneachadh gu bheil sin fìor mu dhaoine òga air fad, agus dh'fhaodadh seo amharas agus eagal mu dhaoine òga gu coitcheann adhbharachadh. (1 chomharra airson puing mìneachaidh.) Faodaidh seo tachairt nuair a bhios a' mhòr-chuid de sgeulachdan sna naidheachdan mu dhaoine òga agus cinn-naidheachd phàipearan-naidheachd, a' cur fòcas air giùlan mì-shòisealta. (1 chomharra airson eisimpleir.) Faodaidh claon-bhreith dhaoine cuideachd a bhith air a daingneachadh le bhith ga faicinn sna pàipearan-naidheachd. (1 chomharra airson leudachadh.)*

- (d) Faodaidh oileanaich iomradh a thoirt air na h-aon no air diofar theacsaichean sna freagairtean aca airson gach ceist.
- (e) Far a bheil taghadh ann, faodaidh oileanaich iomradh a thoirt air aon theacsa mheadhanan no barrachd, agus faodaidh iad beachdachadh orra ann an dòigh choitcheann no chuspaireil, no tro mhion-sgrùdadh dlùth agus tro eisimpleirean.
- (f) Tha prìomh thaobhan, co-theacsaichean agus àite nam meadhanan nam bun-bheachdan farsaing. Faodaidh iad a bhith a' gabhail a-steach mòran mhodailean, theòiridhean no mhodhan-obrach a thaobh mion-sgrùdadh air meadhan, agus faodaidh iad sin atharrachadh eadar meadhanan sònraichte, cruthan agus gnèithean. Nuair a bhios oileanaich a' faighinn roghainn de phrìomh thaobhan, co-theacsaichean agus àite airson an cleachdadh nam freagairt, bu chòir do luchd-ceartachaidh gabhail ri cleachdadh modail, teòiridh no modh-obrach iomchaidh sam bith ma tha e a' buntainn don t-susbaint agus don cheist, agus a rèir na leanas:

*Prìomh thaobhan stèidhichte air susbaint*

Seòrsaichean: meadhan, adhbhar, cruth, tòn, gnè

Cànan: còdan teicnigeach, còdan cultarail,  
acrachadh

Aithris: structairean, còdan, gnàthachasan

Modh-riochdachaidh: taghadh agus dòigh-riochdachaidh, gnàth-ìomhaighean, barailean  
cultarail

*Prìomh thaobhan stèidhichte air co-theacsa*

Luchd-amais: luchd-amais cuimsichte, leughadh roghnaichte, freagairtean eadar-  
dhealaichte bho luchd-amais

Aitreabh: smachdan agus bacaidhean bhon taobh a-staigh, smachdan agus bacaidhean  
bhon taobh a-muigh

*Co-theacsaichean eile*

Comann-sòisealta: àm, àite

*Àite nam meadhanan*

A' coinneachadh ri feuman: airson cur-seachad, foghlam, fiosrachadh

A' toirt buaidh air seasamh agus giùlan: le rùn, gun rùn

A' coinneachadh ri adhbharan sònraichte: prothaid, fèin-bhuannachd, seirbheis  
phoblach

Earrann 2: Stiùireadh Ceartachaidh airson gach ceist.

Ceist		Comh. Iomlan	Stiùireadh Ceartachaidh Coitcheann airson an t-seòrsa ceist a tha seo	Stiùireadh Ceartachaidh Sònraichte
1		8	<p>Feumaidh oileanaich grunn phuingeann buntainneach, fìorasach a thoirt seachad, no innse mu fheartan, a rèir 's mar a tha iomchaidh dhan cheist a chaidh fhaighneachd. Chan fheum na puingeann a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn phuingeann neo-fhillte a thoirt no àireamh nas lugha de phuingeann leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson seo:</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing bhuntainneach.</p> <p>Faodar comharra eile a thoirt airson gach leudachadh air puing bhuntainneach, a' gabhail a-steach eisimpleir.</p>	<p>Faodaidh oileanaich creideas fhaighinn suas gu 8 comharran aig a' char as àirde, mar a leanas:</p> <p>Airson na gnè air a bheilear a' toirt iomradh, bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach gnàthachas èifeachdach air a bheilear a' toirt cunntas, agus dàrna comharra airson eisimpleir den dòigh san deach a chleachdadh san teacsa a thagh iad.</p> <p>Faodaidh cunntasan air gnè gnàthachasan èifeachdach sam bith a ghabhail a-steach, mar: còdan teicnigeach agus cultarail, stoidhle, tònna, cuspair, aithris, modh-riochdachaidh no iomradh air susbaint eile. Nì iad feum de na prìomh thaobhan, ach cha leig iad a leas am briathrachas a chleachdadh gu follaiseach.</p>
2	a	2	<p>Feumaidh oileanaich grunn phuingeann buntainneach, fìorasach a thoirt seachad, no innse mu fheartan, a rèir 's mar a tha iomchaidh dhan cheist a chaidh fhaighneachd. Chan fheum na puingeann a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn phuingeann neo-fhillte a thoirt seachad no àireamh nas lugha de phuingeann leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson seo:</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing bhuntainneach.</p>	<p>Faodaidh oileanaich suas gu 2 chomharra fhaighinn mar a leanas:</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson puing èifeachdach a tha a' toirt cunntas air leughadh roghnaichte.</p> <p>Bu chòir dàrna comharra a thoirt airson dàrna puing, no leudachadh air a' chunntas leudaichte air leughadh roghnaichte.</p>
2	b	10	<p>Feumaidh oileanaich puingeann a dhèanamh a nì ceangal eadar adhbhar agus buaidh agus/no a nì soilleir na dàimhean eadar nithean. Far an tèid grunn phuingeann a dhèanamh, chan fheum iad a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn phuingeann neo-fhillte a thoirt seachad no àireamh nas lugha de phuingeann leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson seo:</p>	<p>Faodar suas gu 10 comharran a thoirt mar a leanas:</p> <p>Feumaidh tagraichean sealltainn gu bheil dàimh adhbharach eadar còdan teicnigeach/cultarail agus an leughadh roghnaichte.</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing mìneachaidh bhuntainneach mu mar a chaidh còdan teicnigeach agus/no cultarail a chleachdadh gus an leughadh a chruthachadh.</p>

			<p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing mìneachaidh bhuntainneach; far nach eil factaran sònraichte a tha rim mìneachadh air an comharrachadh sa cheist, bu chòir aon chomharra a thoirt airson comharrachadh sa chiad àite dè na factaran a th' ann.</p> <p>Faodar comharra eile a thoirt airson gach leudachadh air puing bhuntainneach, a' gabhail a-steach eisimpleir.</p>	<p>Bu chòir comharra eile a thoirt airson phuingeann sam bith a chaidh a leudachadh.</p>
3	a	2	<p>Feumaidh oileanaich grunn phuingeann buntainneach, fìorasach a thoirt seachad, no innse mu fheartan, a rèir 's mar a tha iomchaidh dhan cheist a chaidh fhaighneachd. Chan fheum na phuingeann a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn phuingeann neo-fhillte a thoirt seachad no àireamh nas lugha de phuingeann leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas gu àireamh iomlan nan comharra airson seo:</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing bhuntainneach.</p>	<p>Suas gu 2 chomharra aig a' char as àirde:</p> <p>Thoir aon chomharra airson gach puing a tha air a chleachdadh gus dealbh a thoirt air an luchd-amais a rèir a dhà de na leanas: feartan, feumalachdan agus sùileachadh.</p> <p>Ma thèid 'feart' a thaghadh, bu chòir barrachd air aon fheart a bhith air ainmeachadh. Faodar iomradh a thoirt air deamografaigs, sòisio-eaconamachd, nàiseantas, sgìre, no feartan buntainneach eile.</p> <p>Ma thèid 'feumalachdan' a thaghadh, bu chòir aon puing èifeachdach mu fheumalachdan a thoirt seachad, no co-dhiù dà fheum ainmeachadh.</p> <p>Ma thèid 'sùileachadh' a thaghadh, bu chòir aon puing èifeachdach mu na thathar a' sùileachadh a thoirt seachad, no co-dhiù dà nì air a shùileachadh ainmeachadh.</p>
3	b	10	<p>Feumaidh oileanaich phuingeann a dhèanamh a nì ceangal eadar adhbhar agus buaidh agus/no a nì na dàimhean eadar nithean soilleir. Far an tèid grunn phuingeann a dhèanamh, chan fheum iad a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn phuingeann neo-fhillte a thoirt seachad no àireamh nas lugha de phuingeann leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas gu àireamh iomlan nan comharra airson seo:</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing mìneachaidh bhuntainneach; far nach eil factaran sònraichte a tha rim mìneachadh air an comharrachadh sa cheist, bu chòir aon chomharra a thoirt airson comharrachadh sa chiad àite dè na factaran a th' ann.</p>	<p>Faodaidh oileanaich creideas fhaighinn ann an grunnan dhòighean, suas gu 10 comharra aig a' char as àirde.</p> <p>Feumaidh tagraichean co-dhiù aon dàimh adhbharach a shealltainn eadar an luchd-amais air a bheil iad a' cuimseachadh agus prìomh fheart.</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing mìneachaidh bhuntainneach air mar a chaidh eileamaidean den prìomh fheart/na prìomh fheartan den teacs a chaidh a thaghadh a chleachdadh gus cuimseachadh air an luchd-amais.</p> <p>Bu chòir comharra eile a thoirt airson phuingeann sam bith a chaidh a leudachadh.</p> <p>Faodaidh am mìneachadh a bhith gabhail a-steach cuimseachadh air</p>



			Faodar comharra eile a thoirt airson gach leudachadh air puing bhuntainneach, a' gabhail a-steach eisimpleir.	barrachd air aon seòrsa luchd-amais, no a' cleachdadh barrachd air aon taobh de na prìomh fheartan roghnaichte.
4	a	4	<p>Feumaidh oileanaich grunn phuinean buntainneach, fìorasach a thoirt seachad, no innse mu fheartan, a rèir 's mar a tha iomchaidh dhan cheist a chaidh fhaighneachd. Chan fheum na puinean a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn phuinean neo-fhillte a thoirt seachad no àireamh nas lugha de phuinean leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson seo:</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing bhuntainneach.</p> <p>Bu chòir dàrna comharra agus comharran eile a thoirt airson puing sam bith a chaidh a leudachadh.</p>	<p>Faodaidh oileanaich creideas fhaighinn ann an grunn dhòighean suas gu 4 comharran aig a' char as àirde.</p> <p>Faodaidh iad cunntas mionaideach a thoirt air grunn eileamaidean buntainneach aig aon fhactar aitreabhail, no cunntas a thoirt air diofar fhactaran aitreabhail a tha buntainneach.</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing bhuntainneach, èifeachdach a chaidh a dhèanamh. Bu chòir comharran eile a thoirt airson phuinean sam bith a chaidh a leudachadh.</p> <p>Faodaidh factaran aitreabhail a bhith bhon taobh a-staigh no bhon taigh a-muigh no measgachadh dhiubh sin, agus faodaidh cunntasan gabhail a-steach nithean mionaideach mu: buidseat; seilbh; lagh, factaran riaghlaidh agus margaid; sgiobachd; uidheam; teicneòlasan; sgaoileadh; gnìomhachasan; cleachdadh proifeiseanta; farpais; stòran ionmhais, reic agus tasgadh; feart buntainneach sam bith eile.</p>
4	b	8	<p>Feumaidh oileanaich puinean a dhèanamh a nì ceangal eadar adhbhar agus buaidh agus/no a nì na dàimhean eadar nithean soilleir. Far an tèid grunn phuinean a dhèanamh, chan fheum iad a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn phuinean neo-fhillte a thoirt seachad no àireamh nas lugha de phuinean leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson seo:</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing mìneachaidh bhuntainneach; far nach eil factaran sònraichte a tha rim mìneachadh air an comharrachadh sa cheist, bu chòir aon chomharra a thoirt airson comharrachadh sa chiad àite dè na factaran a th' ann.</p> <p>Faodar comharra eile a thoirt airson gach leudachadh air puing bhuntainneach, a' gabhail a-steach eisimpleir.</p>	<p>Faodaidh oileanaich creideas fhaighinn ann an grunnan dhòighean suas gu 8 comharran aig a' char as àirde</p> <p>Feumaidh oileanaich sealltainn co-dhiù aon dàimh adhbharach eadar facatar aitreabhail agus prìomh thaobh.</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing mìneachaidh bhuntainneach mu bhuidh an fheart/nam feartan aitreabhail air prìomh thaobh sam bith den t-susbaint.</p> <p>Bu chòir comharran eile a thoirt airson phuinean sam bith a chaidh a leudachadh.</p>

5		<p>6</p> <p>Feumaidh oileanaich puingean a dhèanamh a nì ceangal eadar adhbhar agus buaidh agus/no a nì na dàimhean eadar nithean soilleir. Far an tèid grunn phuingean a dhèanamh, chan fheum iad a bhith ann an òrdugh sònraichte sam bith. Faodaidh oileanaich grunn phuingean neo-fhillte a thoirt seachad no àireamh nas lugha de phuingean leudaichte, no measgachadh dhiubh sin.</p> <p>Suas gu àireamh iomlan nan comharran airson seo:</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing mìneachaidh bhuntainneach; far nach eil factaran sònraichte a tha rim mìneachadh air an comharrachadh sa cheist, bu chòir aon chomharra a thoirt airson comharrachadh sa chiad àite de na factaran a th' ann.</p> <p>Faodar comharra eile a thoirt airson gach leudachadh air puing bhuntainneach, a' gabhail a-steach eisimpleir.</p>	<p>Faodaidh oileanaich creideas fhaighinn ann an grunnan dhòighean suas gu 6 comharran aig a' char as àirde.</p> <p>Feumaidh oileanaich sealltainn co-dhiù aon dàimh adhbharach eadar susbaint-mheadhanan agus giùlan/seasamh.</p> <p>Bu chòir aon chomharra a thoirt airson gach puing mìneachaidh bhuntainneach mu bhuidhean na susbaint-mheadhanan a chaidh a sgrùdadh air giùlan no seasamh dhaoine; agus 1 chomharra airson eisimpleir den t-susbaint-mheadhanan bhuntainneach agus an giùlan/an seasamh air an tug seo buaidh.</p> <p>Bu chòir comharran eile a thoirt airson phuingean sam bith a chaidh a leudachadh.</p> <p>Faodaidh mìneachadh a bhith ceangailte ri grunnan de na h-eileamaidean buntainneach aig aon sheata de ghiùlan/sheasamh, no diofar sheòrsaichean giùlain/seasaimh. Faodar barrachd air aon fheart den t-susbaint air a bheilear a' toirt iomradh a mhìneachadh.</p> <p>Faodar iomradh a thoirt air giùlan agus seasamh a tha: deimhinneach, àicheil; le rùn, gun rùn, mar thoradh air rud, tionalach; le daoine fa leth, buidhnean, coimhearsnachdan, buidhnean poblach agus prìobhaideach, buidhnean laghail agus reachdail, riaghaltasan; a dh'ionnsaigh dhaoine, bhuidhnean sòisealta, bhuidhnean poblach agus prìobhaideach, àiteachan, thachartasan, bheachdan, bathar msaa. Faodar iomradh a thoirt air giùlan agus seasamh buntainneach eile agus bu chòir gabhail riutha.</p> <p>Faodar cunntas a thoirt air susbaint ann an dòigh fharsaing no mar eisimpleir le mion-sgrùdadh air an teacsa. Faodar, ach chan fheumar, briathrachas mu phrìomh thaobhan a chleachdadh. Faodar iomradh a thoirt air aon teacsa no air iomradh teacsa</p>
---	--	---	---